Lucas, 18¹. "Is còir urnuigh a dheanamh a ghnàth, agus gun fhannachadh."
Cha do labhair neach riamh roimhe le leithid de dh'ughdarras, na le leithid de dhearbh-bheachd cainnte, a thaobh Dhē, agus crìoch àraidh an duine 'sa rinn Crìosd.

Bha iongantas air cuid airson a dhanadais, iongantas air cuid eile ~~airson~~ a bhriathran gràsmhor, agus cuid eile a fhuair oilbheum nach bu bheag na 'theagasg.
Ach dhearbh e, na uile ghluasad agus 'dhanadais, do'n t-saoghal gu léir, gum b'e da-rìreadh ceannard agus fear-crìochnaich a chreideimh.
Oir a dh'aindeoin eòlas agus rannsachadh dhaoine, tha e soilleir nach ruigear a chaoidh an inbhe cheudna ris-san ann an tuigse agus breithneachadh spioradail.

Sgap e neòil ar n-aineolais a thaobh Dhé, agus a thaobh fior adhbhar ar beatha. Cuspair sonraichte ri meòrachadh air, an dàimh dhiomhair a bha eadar e fhéin agus Dià, agus cuspair taitneach ri beachdachadh air an danadas eòlais 'san làn-earbsa a nochd e thaobh an Athar.

"Is aithne dón athair Mise", ars' e fhéin, "agus is aithne dhomhsa an t-Athair." "Am facal a tha sibh a' cluinntinn, cha leamsa, ach leis an Athair a chuir uaith mi".

Mheas e mar a phriomh dhleasanas gnè agus rùn an Athar fhoillseachadh do dhaoine. "Chan aithne do neach air bith co e an t-Athair ach dón Mhac, agus an neach dán àill leis a' Mhac 'fhoillseachadh".

Mothachail air cumhachd neo-chrìochnaichte, choisrig e e fhéin gu h-iomlan chum toil an Athar a dheanamh, agus an obair a dh'earb e ris a choimhlionadh.

air dha uallach as n-uireasbhuidh a ghabhail air fhéin - "b'fheumail dha, anns na h-uile nithean, a bhi air a dheanamh cosmhuil r'a bhraithrean chum gu'm biodh e na ard-shagart tròcaireach agus dìleas, ann an nithean a thaobh Dhé, chum rèite a dheanamh airson peacaidhean an t-sluaigh"

A nis is e am punc àraidh bu mhiann leam a thoirt fainear, aig an àm, gu'n do mheas Criosd, na dhreuchd, mar Shlanaighear, ùrnuigh do-sheachainnte dha.

Bha, uime sin, urnuigh agus aoradh, - dealbhach na uile ghluasad; agus dh'fhag e eisimpleir againn chum a cheuman a leantainn.

B'aithne dha luach agus eiginneas na urnuigh tre fhiòsrachadh fhéin, agus b'aithne dha, mar-an-ceudna, nach biodh mòran piseach spioradail air a h-aon as a h-aonais.

4

"Agus labhair e cosamhlachd riutha, a' 'nochdadh gur còir urnuigh a dheanamh a ghnàth, agus gun fhannachadh."

Bha aonarachd an t-sleibhe agus gaoth fhuar na h-oidhche nam fianuisair barantas a theagaisg agus air dìlseachd a chleachdaidh fhéin.

Agus cha tug e rabhadh, ~~aig~~ aon uair, gum faodeamaid mearachd a dheanamh le 'bhith ro-earbsach ann an Dia. Ach thug e ioma earail a thaobh an-earbsa agus dìth-creideimh dhaoine. Airson na cuid sin dheth, cha robh aige ach ~~an~~ aon chuingaidh-leigheis airson suidheachadh aimbeartach nan slòigh-bi sin - iad aithreachas a dheanamh, agus tionndadh a dhionnsaidh Dhé le earbsa cloinne.

Mheas e cion creideimh na adhbhar gach ànacair agus gach dòruinn, a

bha sàrachadh agus a teannachadh dhaoine.

As éugmhais creideamh chan 'eil comasach Dia a thoileachadh, agus as eugmhais mothachaidh air ar feum, chan iarrar a chobhair 's cha mhealair a ghràdh. A nis tha buaidh agus brìgh na h-urnuigh a co-sheasamh ann a bhith sireadh cuideachaidh agus comhairle Dhe, chan ann chum ar toil fhéin fhaighinn, ach a chum a thoil-san a dheanamh. B'e sin rùn agus roghainn Chriosd ann an ceum a dhleasanais- "Na bi mo thoil-sa, ach do thoil-sa gu'n robh deanta".

Agus is esan, a mhàin ar n-urras a thaobh riaghaltas agus savrsa roghadh Dhé.

"Oir trid-san tha araon slighe againn gu dol a steach tre aon spiorad

chum an Athar."

Bha e ri urnuigh a ghnàth. Is ann do bhrigh sin a dh'iarr na deisciobuil air, e urnuigh a theagasg dhaibh.

Tha cunntas againn air dha éirigh aon mhaduinn, fada roimh an làtha, gun tèach e 'mach gu àite fàsail chum urnuigh a dheanamh. Agus a rithist an uair a thagh e a dheisciobuil gun tèach e air an òidhche roimhe sin gu beinn a dheanamh urnuigh, agus gun do bhuanaich fad na h-òidhche ann an urnuigh ri Deà.

A bharrachd air sin, gheibhte e'san t-Sionagog air gach là sàbaid.

Agus, dhaindeoin trainngead agus sgios, cha d'rinn e riamh dearmad air aoradh na air urnuigh, agus cha do chum cion ùine na cion toil uair air bith e gun peacaich agus cis-mhaoir a ghabhail, gu deònach, da ionnsaidh.

Tha cuid a 'ghabhas an leisgeul airson nach 'eil mòran ùine aca ri' sheachnadh, 'ghàbaid na sheachduinn, chum aoradh na urnuigh. Gheibhear ùine gu leòir airson gnothaichean eile, ach cha bhiodh e iomchuidh na freagarrach, nam beachd, fèin-àicheadh a chleachdadh air sgàth Chriosd - eadhon, ged a leig e sìos a bheatha as an leth.

Cuid eile, maitheadh fhaoidte, a tha car diombach do Dhia airson nach 'eil e idir cho ullamh gus an iarrtas a fhreagairt is mar bu 'mhaith leotha. Is maith an gnothach e nach 'eil. Ciod co nach togadh a ghuth, gu farumach, aineolach, nan robh Dia deas gu bhith na' ghille-gnothaich aca?

Is beachd gun mhòran seadh. am beachd nach ceadaich do Dhià urram a mhòrachd, agus còir-riaghlaidh a rèir a rùin. Cha toir e ghlòir do neach eile.

8/
Tha e soilleir dhaibhsan a dh' fhoghlum o
Chriosd gur h-e an dleasanas agus an
sochair umhlachd agus aoradh a thoirt
o Dhia
le cridhe toileach.

Bí urnuigh suaicheantas àraidh nan
naomh, anns gach linn. Tha beatha spioradail
ann duine fillte innte, agus adhartas
rìoghachd Dhé an crochadh rithe.
Co aige a tha brath, na co a ghabhas air fhéin
luach na buaidh urnuigh dhùrachdach
a thomhas?
"Tha mor-éifeachd ann an urnuigh
dhùrachdach an fhìrein".
Bha am Foclairiche, an T-olla MacEain, gu
diongmhalta deir bheachd gun robh urnuigh
os cionn raoine na deasboireachd, agus
nach robh argumaid, air chor sam bith,
iomchuidh dha taobh.
Agus thuirt Lincoln – an ceann-suidhe
iomraiteach a bha aig Stàitean America,

aig aon àm, gun robh e air a choéigneachadh ioma uair, gu urnuigh a dheanamh do bhrigh gun robh e dearbhta nach robh a' ghliocas fhéin na gliocas 'na bha tiomchioll air, foghainteach gu leòir airson uallach agus deuchainn an làtha.

Baithne do Chriosd, gu ro-mhaith, éiginneas cosnaidh, agus cho freagarrach 'sa bha e do gach neach a bhith dichiollach na 's^h^aothair làthail. Dh' earrailaich e, gun teagamh, orrasan a thug spéis da 'reachd gun iomagain a bhith orra airson am beò-shlàinte.

"Tha fios aig 'ur n-Athair neamhaidh gu 'bheil feum agaibh-se air na nithean seo uile – ach iarraibh air tùs rioghachd Dhé agus fhireantachd, agus cuirear na nithean seo uile ruibh."

Carson, mata, a chuir e a leithid de chudrom air urnuigh? Chuir airson

àrach spioradail an duine.
Tha comhfhurtachd, comhairle agus neart na' luib, agus, a thuilleadh air sin, is toil le Dia guth na cloinne a chluinntinn.
Tha am Mac a seasamh an àite an Athar do na h-uile a chreideas ann.
"Agus thubhairt Iosa riutha. Is Mise aran na beatha: an tì a thig a' m-ionnsaidh-sa, cha bhith acras gu bràth air, agus an tì a chreideas annam-sa, cha bhith tart gu bràth air."
"~~Agus~~ "As a lànachd-san, ars' Eoin fhuair sinne uile, agus gràs airson gràis."
"Agus tha sibhse coimhlionta ann-san", arsa Pòl, "neach as e ceann gach uile uachdaranachd agus cumhachd".
Ann an coimhliontachd Chriosd tha e comasach do Dhia peacaich fhàilteachadh; agus is ann tre airidheachd-san a shealbhaichear uile-chòirichean cloinne Dhé. "Oir is toigh leis an Athair fhéin

sibh airson gun thug sibh grádh dhomh-sa agus gun do chreid sibh gur ann o Dhia a thainig mi."
Gun teagamh sam bith b' adhbhar iincheist-e do dhaoine tuigseach agus beachdmhor, anns gach linn, a bhi toirt fainear cho tric 'sa gheibhte cuid a bha feineil - saoghalta, sanntach - soirbheachail 'nan oidheirp, an uair a bha am fireán gu minic air a shàrachadh le iomadh deuchainn.
Tha eachdraidh Iob 'na samhladh air suidheachadh den t-seorsa seo.
Ach b'é aideachadh Iob - "ged mharbhadh e mi, gidheadh, earbaidh mi as, agus tagraidh mi mo shlighean 'na fhianuis."
'Si a cheist co' dhionnsaidh a thionndaidh sinn, ma chuirear cùl ri Dia?
"An ti nach do chaomhain a Mhac féin, ach a thug thairis e air ar son-ne uile, cionnus maille ris-san nach toir e mar

an ceudna dhuinn gu saor na h-uile nithean"?

Is cubhaidh dhuinn a chuimhneachadh a ghnàth gu 'bheil an crann-ceusaidh 'na sheasamh gu soilleir ~~an~~ am buillsgean na saorsa a sheulaich Dia air ar son; agus nach d' fhuair Mac Dhé fhéin freagairt gach urnuigh – chan e gun do roghnaich, air chor sam bith, a thoil fhéin roimh thoil an Athar.

Ach fhuair e neart agus treoir chum slighe nuadh agus bheo a choisrigeadh airson pheacach.

"Do bhrigh uime sin gu bheil againn Ard-shagart mòr, a chaidh a steach do na neamhan – Iosa Mac Dhé – cumamaid gu daingean ar n-aidmheil. Thigeamaid le dànachd gu rìgh-chaithir nan gràs, chum gu faigh sinn tròcair, agus gun amais sinn air gràs chum cobhair annam àm feuma"